



Atharrachadh na gnàth-shìde

Tachartasan dian-shìde co- cheangailte ri gnàth-shìde

Teintean-raoin


New South Wales, Astràilia



Tha teintean-raoin cumanta agus nàdarra. Bha grunn theintean-raoin sònraichte ann an Astràilia san linn mu dheireadh, ach cha robh gin dhiubh cho millteach no cho farsaing ris an teine-raoin a rinn sgrios air New South Wales ann an 2019. Còmhla, thug teòthachdan àrda, luaths na gaoithe, sìleadh ìosal, agus fàs-bheatha a bha mar chonnadh air an teine sgapadh. Bhàsaich 28 neach, chaidh beathaichean a mharbhadh, dh'fhuiling eag-shiostaman agus chaidh dachaighean agus gnìomhachasan a mhilleadh.



● Teintean a chaidh a chlàradh sna seachd lathaichean gu 30 Dùbhlachd



Source: NASA/FIRMS


BBC

Tha an dealbh seo a' sealltainn nan teintean a chaidh a chlàradh air feadh Astràilia sna seachd lathaichean gu 30 Dùbhlachd 2019.


Bha mu 1,000 fear-smàlaidh a' strì ris na teintean air feadh New South Wales



Atharrachadh na gnàth-shìde



Toit ag èirigh bho na ficheadan de theintean-raoin air costa an ear Astràilia san dealbh seo a thog saideal Terra NASA, 8 Samhain 2019.



Faic mar a sgaoil na teintean-raoin, ann an dà mhìos cha mhòr, air costa an ear Astràilia.

Dè dh'adhbharaich na teintean-raoin?

Bha an suidheachadh fìor theth agus tioram air a' bhliadhna sin co-cheangailte ri diofar san teòthachd air an dà thaobh den Chuan Innseanach, a bha na bu mhotha na an àbhaist. 'S e Dipole a' Chuain Innseanaich a th' aig eòlaichean-sìde air seo. Tha an dipole a' toirt buaidh air pàtrain sìde air feadh an t-saoghail.

Nuair a tha teòthachdan uachdar na mara air taobh an ear a' Chuain Innseanaich nas fhuair na an àbhaist, bidh àiteachan an ear air a' Chuain Innseanach a' faighinn nas lugha uisge agus teòthachdan nas blàithe na an àbhaist.

Tha dùil gum bi dian-thachartasan sìde air sgàth an Dipole nas bitheanta san àm ri teachd mar a tha barrachd ghasaichean taigh-glainne air an leigeil mu sgaoil. Tha dùil cuideachd gun leudaich seusan nan teintean. Tha an t-àrdachadh ann an teòthachd na Talmhainn air sgàth blàthachadh na cruinne air buaidh a thoirt air cuairt an uisge. Tuitidh barrachd uisge, agus bheir seo air barrachd lus an fhàs, agus bidh iad sin nan connadh do theintean. Tha tart ann an sgìrean coillteach a' cruthachadh suidheachdadh math airson theintean cuideachd.



Tha luchd-saidheans a' creidsinn gu bheil e fìor chudromach sùil a chumail air na h-adhbharan aithnichte airson teintean a thòiseachadh agus a sgapadh gus mòr-thubaistean mar sin a sheachnadh san àm ri teachd.




Seusain theintean

Tha riaghaltas Astràilia gan ainmeachadh mar ‘amannan cunnairt ro theine’. Tha teintean-raoin air an cur còmhla mar as trice ann am bliadhnanachan mar ‘seusan teintean-raoin Astràilia 2019-2020’. Gu h-àbhaisteach ge-tà, ann an Astràilia a deas agus an ear, tha an seusan a’ dol bho 1 Ògmhios gu 31 Cèitean gach bliadhna.

Leis cho fada ‘s a tha an t-àm cunnairt ro theine, agus gu bheil dùil gum bi teintean nas bitheanta agus nas miosa mar thoradh air blàthachadh na cruinne, feumaidh luchd-còmhnaidh ann an sgìrean a tha buailteach do theintean atharrachadh agus ullachadh a dhèanamh le planaichean airson dìon bho theine agus airson stiùireadh teine.



Nuair a bhios Astràilia a’ dol a-steach dhan t-samhradh, bidh Riaghaltas NSW agus Seirbheis Smàlaidh Dùthchail NSW a’ cur an cuimhne dhaoine na dachaighean aca ullachadh agus na planaichean aca airson teine-raoin ùrachadh.




Le geamhraidhean nas fliche na ‘s àbhaist a’ toirt air feur fàs gu mòr air feadh na stàite, bidh na seirbheisean èiginn deiseil airson dìon a chur air coimhearsnachdan air feadh NSW, ach feumaidh gach uachdaran a phàirt fhèin a dhèanamh.



Atharrachadh na gnàth-shìde

Bidh Seirbheis Smàlaidh Dùthchail NSW a' cur a-mach fios ùraichte mu thachartasan mòra ann an teintean-raoin agus teintean-feòir ma tha cunnart ann don choimhearsnachd. Bidh iad cuideachd a' foillseachadh mhapaichean 'beò', a' sealltainn far a bheil cunnart ro theine, an seòrsa teine a tha ann, agus co-dhiù tha e fo smachd.



<https://www.rfs.nsw.gov.au/fire-information/fires-near-me>

Rabhadh cruinneil!

Tha an àireamh theintean-raoin a chaidh a chlàradh air feadh an t-saoghail ag èirigh, agus le sin bidh na tha teintean a' leigeil mu sgaoil air feadh an t-saoghail ag èirigh cuideachd. Dhearbh sgrùdadh an EU air na chaidh a leigeil mu sgaoil san Lùnastal 2021 gun deach a' chuid as motha riamh de charbon dà-ogsaid a leigeil mu sgaoil le teintean-raoin air feadh an t-saoghail. 'S e na coilltean a tha nan teine ann an Ameireaga a Tuath agus Siberia as motha a tha a' leigeil mu sgaoil. Tha dragh air luchd-saidheans gu bheil sgìrean le fàs-bheatha thiugh, a tha a dhìth airson carbon dà-ogsaid a shùghadh, gu bhith a' leigeil gasaichean taigh-glainne dhan àile an àite a bhith a' lùghdachadh na tha de charbon dà-ogsaid san èadhar.

Tha aithisg an EU ag ràdh gu bheil barrachd theintean a tha nas miosa ann an coilltean Shiberia. Tha iad a' losgadh airson ùine nas fhaide agus le barrachd neart.





Atharrachadh na gnàth-shìde

Tha Cearcall na h-Artaig a' fàs nas teotha agus nas uaine le nas lugha deighe air sgàth blàthachadh na cruinne. Tha teòthachdan nas àirde a' toirt air an deigh leaghadh, a' cur àrainn nam mathan-bàna agus nan uàlrasan ann an cunnart.

Tha deigh-mara na h-Artaig na pàirt de shiostam fuarachaidh na planaid. Bidh deigh-mara ag ath-thilgeil lùth na grèine air ais dhan fhànas, a' cumail theòthachdan mun Phòla a Tuath fionnar. Tha e a' fàs nas coltaiche gum bi an Artaig gun deigh ann an ùine gu math luath.

